

	Manaidsear Cnoc Soilleir
Geàrr-iomradh	<p>Tha Cnoc Soilleir Earranta a’ sireadh neach a tha èifeachdach agus dearbhach gus ar sgioba obrach ann an Uibhist a Deas a stiùireadh.</p> <p>A’ leantainn air an fhosgladh shoirbheachail a bha againn as t-samhradh 2022, tha sinn a-nis a’ cuimseachadh air ar n-obrachaidhean is gnìomhachdan a leasachadh. A thuilleadh air a bhith a’ coimhead thairis air stiùireadh soirbheachail air an togalach agus air na goireasan againn, bidh tu gnìomhach mu choinneamh a’ phobaill às ar leth, le prìomh dhreuchd ann an leasachadh air co-obrachadh le ar com-pàirtichean, luchd-ùidhe agus leis a’ choimhearsnachd ann am farsaingeachd.</p>
Cò sinn	<p>Is e com-pàirteachas co-iomairteach a th’ ann an Cnoc Soilleir Earranta (CS Ltd) eadar Ceòlas Uibhist (CU) agus UHI Innse Gall (UHI OH) a chaidh a stèidheachadh gus togalach Cnoc Soilleir a thogail agus a stiùireadh, nì a tha air dachaigh ùr a chruthachadh do ar luchd-seilbh agus ar com-pàirtichean ann an teis-meadhan Uibhist.</p> <p>Tha Ar Lèirsinn a’ gabhail a-steach:</p> <ul style="list-style-type: none"> • Togalach fàilteach is fosgarra aig cridhe na coimhearsnachd. • Freumhachadh adhartachadh, comharrachadh agus conaltradh sa Ghàidhlig agus nar dualchas cultarach. • Coimhearsnachd gnìomhach agus Cnoc Soilleir a’ cur gu deimhinneach ris a’ choimhearsnachd ionadail agus ris an eaconamaidh. • Libhrigeadh na Colaiste ann am feallsanachd na Coimhearsnachd – a’ leudachadh cothrom air ionnsachadh. • Na h-eileamaidean togail a chur nan àite gus gnìomhachdan gach buidhinn fhàs ann an dòigh fa leth agus gu co-obrachail.
Amas agus Adhbhar na dreuchd	<ul style="list-style-type: none"> • Ceannardas agus stiùireadh iomlan a sholarachadh air Cnoc Soilleir. • A bhith a’ coileanadh gu co-obrachail le ar com-pàirtichean co-iomairteach, a’ choimhearsnachd ionadail agus luchd-ùidhe eile gus ar n-àrd-amasan agus ar lèirsinnean a thoirt gu bith. • Dèanamh cinnteach gu bheil planaichean gnothachais agus obrachaidh Cnoc Soilleir air an leasachadh agus air an libhrigeadh gu h-èifeachdach agus gu buadhach.
Aithris	Am Manaidsear – ag aithris dìreach gu Bòrd Cnoc Soilleir Earranta.
Àite	Cnoc Soilleir, Dalabrog, Uibhist a Deas HS8 5SS
Tuarastal	£33 - £36K sa bhliadhna, a rèir eòlais
Seòrsa aonta	35 uair a thìde làn-ùine san t-seachdain
Ceann-là tòiseachaidh	Am Màrt 2023
<p>Is e fastaiche co-ionannachd cothroman a th’ ann an Cnoc Soilleir le dealas a thaobh iomadachd, co-ionannachd, in-ghabhalachd agus cleachdaidhean obrach cothromach.</p> <p>Is iad ar luachan</p> <p>Earbsa agus Obair Com-pàirteachais</p> <p>Fosgarra agus Fàilteach</p> <p>Àrd-amasach agus Ùr-ghnàthach</p> <p>Follaiseachd agus Riaghladh Làidrr</p>	

Manaidsear Cnoc Soilleir	
Dreuchd agus dleastanasan	<p>Gu h-iomlan</p> <ul style="list-style-type: none"> • Ceannard agus manaidsear iomlan air sgioba Cnoc Soilleir. • Co-obrachadh gnìomhach le ar com-pàirtichean co-iomairteach, a’ choimhearsnachd ionadail agus luchd-ùidhe eile gus ar n-àrd-amasan agus ar lèirsinnean a thoirt gu buil. • Leasachadh agus libhrigeadh èifeachdach is buadhach air planaichean gnothachais is obrachaidh Cnoc Soilleir. <p>Stiùireadh Ghoireasan Togalaich agus Luchd-obrach</p> <ul style="list-style-type: none"> • Co-cheangal agus conaltradh gnìomhach le UHI OH agus le sgiobaidhean Ceòlas a tha stèidhichte ann an Cnoc Soilleir. • Uallach co-roinnte a thaobh fàilteachadh, coinneachadh, agus stiùir a tha soilleir agus èifeachdach do na h-uile air leasachadh seirbheis gleidhidh sheòmarichean. • Stiùir air ro-innleachd margaideachd is chonaltraidhean a leasachadh do Cnoc Soilleir Earranta, cumail sùil air buileachadh agus sgrùdadh mu choinneamh thargaidean is chinn-uidhe aontaichte. • Inntreigeadh, stiùireadh agus cleachdadh treas-phàrtaidh air an togalach taobh a-muigh UHI OH agus gnìomhachdan Ceòlas, a leasachadh. • Uallach iomlan airson dèanamh cinnteach gu bheil poileasaidhean is modhan-obrach iomchaidh, a’ gabhail a-steach H&S agus measaidhean cunnairt riatanach, nan àite airson ruith rèidh agus sàbhailte air an togalach. • Uallach airson buidseat agus stiùireadh ionmhasail mu choinneamh obrachaidhean, a’ gabhail a-steach aithisgean cunbhalach. • Stiùireadh dìreach a thoirt don Oifigear Rianachd is Conaltraidh aig Cnoc Soilleir. <p>Co-obrachadh le com-pàirtichean Co-iomairteach agus càch</p> <ul style="list-style-type: none"> • Co-obrachadh le UHI Innse Gall is Àrd-Oifigearan Aithris Ceòlas (SROs) agus co-obraichean, gus taic a chur ri gnìomhachd chom-pàirtichean a dh’ionnsaigh thargaidean. • Ann an co-obrachadh le UHI Innse Gall agus SROan Ceòlas, dreachd phlanaichean gnothachais is obrachaidh a thoirt gu buil airson nam bliadhnaichean ri teachd, gus am beachdachadh le Bòrd Stiùiridh Cnoc Soilleir. • Margaideachd èifeachdach agus co-obrachail. • Seasamh cliùiteach Cnoc Soilleir àrdachadh taobh a-staigh agus taobh a-muigh nan coimhearsnachdan a thathar a’ frithealadh. • Conaltradh luchd-ùidhe agus com-pàirtiche a rannsachadh agus a leudachadh ann an taic do dh’adhartachadh air Cnoc Soilleir mar sho-mhaoin coimhearsnachd. • Stiùir air conaltradh luchd-ùidhe a thaobh obrachaidhean, a’ gabhail a-steach làimhseachadh air maoineachadh, agus tagraidhean is aithisgean sam bith ag èirigh a-mach às an sin.

Manaidsear Cnoc Soilleir	
	<p>Taic a' Bhùird agus Stiùireadh Gnothachais</p> <ul style="list-style-type: none"> • Ag obair le Bòrd Cnoc Soilleir Earranta gus dèanamh cinnteach gu bheil na dleastanasan laghail is ionmhasail uile a thaobh a' Chompanaidh Earranta agus OSCR, air an coileanadh gu h-ìomchaidh, a' gabhail a-steach cosnadh/HR, slàinte agus sàbhailteachd, is eile. • Planadh, ro-shuidheachadh, agus cur taic ri coinneamhan Bòrd Stiùiridh Cnoc Soilleir, a' gabhail a-steach ullachadh chlàran-gnothaich agus cur a-steach aithisgean. • Dèanamh cinnteach gu bheil adhartas mu choinneamh phlanaichean gnothachais is obrachaidh air an cur fa chomhair Bòrd Stiùiridh Cnoc Soilleir gu cunbhalach, a' gabhail a-steach gnìomhadh, cunnart agus aithisgean ionmhasail. • Toirt gu buil agus a' cumail suas clàr cunnairt. • Ag obair le cunntasairean, a' gabhail a-steach ullachadh air cunntasan deireadh bliadhna, stiùireadh rola-pàighidh, agus cùisean ionmhasail eile co-cheangailte ri obrachaidhean.
Comasan Pearsanta	<p>Riathanach</p> <ul style="list-style-type: none"> • Sgilean conaltraidh labhairte is sgrìobhte sàr-mhath ann an Gàidhlig agus Beurla. (E) • Comasach air stiùir a ghabhail agus dèiligeadh ri daoine eile. (E) • Sgilean matha IT agus sgrìobhadh aithisgean. (E) • Comasach air ùghdarras is tuigse a chleachdadh, agus dìomhaireachd theann a chumail suas. (E) <p>Ion-mhiannaichte</p> <ul style="list-style-type: none"> • Eòlas ann an dreuchd a' dèiligeadh leis a' phoball. (D) • Eòlas air solar seirbheis a tha co-roinnte. (D) • Eòlas ann a bhith ag obair le conaltraidhean. (D) • Eòlas air stiùireadh ionmhasail, a' gabhail a-steach cleachdadh air goireasan cunntasachd agus bathar-bog. (D)
Foghlam agus eòlas	<ul style="list-style-type: none"> • Ionnsaichte gu ìre ceum no a leithid. (E) • Làn cheadachd dràibhidh agus cothrom air carbad. (D)